

Our Gaelic Page.

Gaelic Translation of Professor Aytoun's "Burial March of Dundee."

By M. MACRAE, OTTAWA.

PART II.

(Continued from page 23.)

'N de, air bruachan Chilli-Chrankie,
 Bha ar n'arim na laidheadh 'm bruth,
 Chiteadh leo a bhraon a g'ciriidh,
 Bharr cip-starra bhorb an t-sruth,—
 Tuinn us tuil na h-aimhne beuchadh,
 Sios an glaic an rathaid mhoir,
 'Nuair a dh'eirich clann-nan-Gaidheal,
 Trath, dhen shraoch, gu dhol air toir;
 Chrioslaich sinn, gach fear, a bhreacan,
 'S thug e sios a bhoinead teann,
 'S dhearbh e faobhar geur a lamhaich,
 Gu bhi deas gu sgarradh cheann;
 Air ar gluinnean chaithd ar n-uinnaigh,
 Chuir a suas, gu Righ nan gras,
 'S dh'fhaisg sinn lamhan ar deagh chuirdean,
 'S mhionnaich sinn, "Gu buaidh 'neo bas,"
 Mharcaith roimhinn ar ceann-feadhna,
 Air each mor, 's be 'n oidche a dhath,
 'S math a dh' aithneadh feachd na reubail,
 Cruth a steud-each anns a chath.
 Thogadh dhasan iolach a i'b'h-12ac h,
 Leis gach saighdear molach, mor,
 Oir bu chaomh linn teach fear Cleavars,
 'Us smaointich sinn air deagh Mhontrose,
 Shin e dheas lamh' gaithneadh eisdneachd;
 "Shaighdearan! gun bhoiuidh mi,
 'N diugh, mus crom a ghris n 'san fheasgar,
 'S thar Schiahallain dhealras i,
 Gheibh sinn buaidh 'us lamh an uachdar,—
 Buaidh ar duthcha 's buaidh an Righ,
 'Neo na armachd catha sinear,
 Greumach eile anns an stri.
 Smaontichibh air 'mhartair rioghail!
 'Us air cloioidh ar sliochd as ur,
 Air an Eisbuig chaidh a mharbhadh,
 Ann a machair Mhagus Muir,
 'N ainm fhuil Dhiadhaidh tha ri dioladh—
 'N ainm gach naomh-cheist 's teintein fas,
 Air-son mar chrionn iad mianntan Albainn,
 Us na rinn iad oirnn de thair,
 Buailibh! mar gu'm biodh an t-innean,
 Fo gach buille's fo gach sail;
 Buailibh! slaoghtairean a chumhnant,
 'S al a mhealtair, Arra-Ghaidheal;
 Fuadaichibh, n'an crith, na rcubail,
 Thairis amhainn stoirmeil Lit,
 'S don cho-chruinneachadh gu'n innse iad,
 Mar a thachair dhaibh 'san stri.
 Tuigeadh iad nach eil ri cheannach,
 Onair Ghaidheal bho'n a choir
 'S gur suarach againn fearg a Phriónnsa,—
 Priónnsa coimheach,— 'sa chuid oir,
 Buailibh 's nuair tha'n latha seachad,
 Air ar ceann mar faic sibh mi,
 'N t'aite 's dluithe bhios cuirp nan sineadh
 Siribh e d'am b'ainm Dundi."

PART III.

Dhuisg mac-talla ann's na creagan,
 Leis an shreagaint thug sinn dha,
 Lasraich speis an taobh a staigh dhinn,
 'S dh'has gach uchd a's cridhe blath;
 Airson oighreachd mhor Braghad-Albainn,
 Cha robh fear a chual a ghuth,
 'Se air fhagail aig a shaor-thoil,
 Sheachnadh cath an la 'n duigh,
 Bha gach suil gu bras a lasadh,
 'S ruthagl iomagain air gach gruaidh.
 Dh'fhas ar n'anail na bu ghiorra,
 Dh'fhas gach gairdean laidir cruidh;
 Ah! be durachdain gach anam,
 Ann an am a dhol a sas,
 Bhon a bha na roghainn agann—
 "Bheir sinn buaidh, na gheibh sinn bas"
 Chula sinn sa ghlac gu h.iosal,
 Air ceum-fith, bha dorcha, cam,
 Trompaid 's dulanaich nan naimhdean,
 'S iad a tighinn troi'n a ghleann;
 Dh'fhuirich sinn na'r tamh gu sanh ach,
 Gus an robh ann feachd oirnn dlu,
 'S gach cridhe plosgadh gu bhi aca,
 Mair air lorg an fheidh an cu,
 Le ceol us drumaichean air t'hoiseach,
 Tighinn na'r sealadh rinn an t'arm,
 Saidhdear Leslie, bras a coiseachd,
 'S truipear chruitheach Len' n' gharg,
 Tre a ghabhlach's badean beatha,
 Troi an rathad cumhann aom,
 Shniomh gach cuideachd fhada'n ordugh,
 Sios a dh'ionnsaigh comhnard raon.
 Grad! gun le um sinn as an doire,
 Breithimh! mar a sheall na Goill,
 'Nuair a chrioithaich sturr na beinne,
 Brucheadh beo le caithream airm.
 Mair anradh gaillionn sios na'n creachan,
 Sguab le t'irm gach claidheamh giar,
 Chluinnte sluagan ard Chlann-Domhnail,
 'S uighste dhealaich lann Lóchial.
 'Ged a fhuaire sinn teinne guinnceach,
 'S mor a thuit,—cha d' rinn sinn tamh
 Gus an robh sinn air an aghaidh
 Cas ri cas, us lamh ri lamh.
 'Thuit na h'ich 's na daoine romhain,
 Mar na bi-ean, tha mi 'n duil,
 Bhias a g'iomain ann's na h'casan,
 Am na tuil an abhainn Yule;
 Thuit gach each us duine romhain,
 Roinhe na builcean sgathach trom,
 Abhainn Gharridh! 's iomadh cloasach,
 Fear us each a tha fo'd' thonn.
 Feasgar latha Chilli-Chranchie
 'Nuair a thamh sinn air an raon,
 Dhe'n a naimhdean oirnn a thachair,
 Cha dh'fhan na 'sheasibh beo 'h'aon.

PART IV.

Dheirich reul na h-oidche déalrach,
 Tharais barr Schiahallion gharbh,
 Mu'n da thiomaiach sinn gach claidheamh,
 'S sinn a g'aireamh na bha marbh;
 Far a' robh na cuirp na'n cruachan,
 Dearg le fuit; "sa lotan mor,
 Thuair sinn e, mar dh'fhaithn-e shireadh,
 Taite an robh na mairbh nan tor.
 Dh'fhan a ghnuis gu taitneach, aoidhail,
 'Ged a thuit e, chual a chluas,
 Ioram brosnaichaigh na n' Gaidhail,
 'S dh'fhiorsaigh e gun dh'fhuair iad buaidh;
 'Meadhon tairneannaich a chatha,